

30 An Cèitean 2023

A phàrtaint/neach-cùraim chòir,

San Fhaoilleach 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Ghleann Urchardain. Rè ar cuairte, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Clann misneachail agus ealanta a tha moiteil às an sgoil aca agus na tha iad a' cur ris a' choimhearsnachd ionadail. Bidh iad a' nochdadh togradh agus tapachd nam beachd air ionnsachadh agus a' meòrachadh gu smaoinichail mu na neartan aca fhèin agus far an urrainn dhaibh tuilleadh leasachaidh a dhèanamh.
- Luchd-obrach a tha a' libhrigeadh ionnsachadh agus teagasg àrd-chàileachdail thar chlasaichean. Tha fòcas làidir air togail prìomh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a chuidicheas clann gu bhith soirbheachail san àm ri teachd.
- Stiùireadh fìor èifeachdach a' cheannaird ann a bhith a' cumail sùil air cho math 's a tha luchd-ionnsachaidh a' coileanadh. Bidh i ag obair gu dlùth le tidsearan gus taic a thoirt don chloinn gu lèir gus adhartas fìor mhath a dhèanamh nan ionnsachadh agus taic sam bith a bharrachd fhaighinn air a bheil feum aca.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- A' togail air cleachdadh làithreach, lean air adhart a' leasachadh dhòighean gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas chloinne san sgoil-àraich. Bheir seo taic do luchd-cleachdaidh le bhith a' clàradh tuigse chloinne air a' Ghàidhlig agus mar a chleachdas iad a' Ghàidhlig nuair a bhios iad a' bruidhinn ri daoine eile.
- Lean air adhart a' cur fòcas air leasachadh sgrìobhadh thar na sgoile aig ìrean na bun-sgoile.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Bidh taisbeanairean càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Ghleann Urchadain.

Taisbeanairean càileachd airson na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	glè mhath
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4^{mh} eagra) , Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing	

Taisbeanairean càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
A' daingneachadh adhartas na cloinne	glè mhath
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh – Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Jacqueline Gallagher
Neach-sgrùdaidh an Rìgh